

Toraidhean sgrùdaidh tràth- ionnsachaidh agus cùraim- chloinne airson na bliadhna acadaimigich 2024/25

Geàrr-chuntas air toraidhean

Àireamh agus seòrsa de sgrùdaidhean dèanta

Rinn Luchd-sgrùdaidh an Rìgh (HMI) 151 sgrùdadh air suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne (ELC) ann an 2024/25, agus dhiubh sin:

- Bha 64 nan sgrùdaidhean modail slàn
- Bha 87 nan sgrùdaidhean modail goirid

Bha feum air sgrùdadh a bharrachd aig naoi de na 151 suidheachaidhean.

An àireamh agus an seòrsa de shuidheachaidhean a chaidh a sgrùdadh rè seisean 2024/2025:

- 99 clasaichean sgoil-àraich ann am bun-sgoil ùghdarrais ionadail
- 43 suidheachaidhean bhon roinn phrìobhaidich, shaor-thoilich agus neo-eisimeilich
- 9 suidheachaidhean ùghdarrais ionadail nach robh nam pàirt de bhun-sgoil.

Rinn HMI 10 sgrùdaidhean eile, agus cha robh feum air barrachd conaltraidh ach airson aon suidheachadh.

Rinn Luchd-sgrùdaidh an Rìgh sgrùdaidhean ann an suidheachaidhean Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne air feadh na h-Alba a' cleachdadh shlatan-tomhais deagh ghnè (QI) bho Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh is ar cùram-chloinne? (HGIOELC?). Tha e a' tarraing air fianais bho chuirtean sgrùdaidh, còmhraidh proifeasanta agus ceisteachain ro-sgrùdaidh. Tha seo a' riochdachadh sampall timcheall air 5% de na suidheachaidhean ELC uile.

Anns an t-Sultain 2025, chaidh [Frèam-obrach Leasachadh Càileachd airson roinnean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne](#) a chur an gnìomh. Chaidh seo an àite frèam-obrach HGIOELC?.

Tha dleasdanas reachdail air HMIE sgrùdadh agus aithris a dhèanamh air càileachd foghlaim agus air builean airson luchd-ionnsachaidh ann an Alba fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2025. Thathar am beachd gum bi an geàrr-chunntas seo aig ìre na roinne a' toirt seachad foir-shealladh farsaing air neartan, raointean airson leasachadh agus prìomh phàtranan a chaidh a chomharrachadh tro ghnìomhachd sgrùdaidh tron bhliadhna.

Toraidhean sgrùdaidh

Tha fianais an sgrùdaidh bhon bhliadhna acadaimigich 2024/25 a' sealltainn, san fharsaingeachd, taobh a-staigh roinn an ELC, a dh'aindeoin mòran dùbhlain, gu bheil neartan cudromach ann fhathast, le raointean soilleir airson leasachadh.

Thar na roinne, tha gealltanais làidir ann a thaobh builean a leasachadh airson chlann agus teaghlaichean. Tha sunnd chloinne aig cridhe obair nan suidheachaidhean. Tha càileachd nan àrainneachdan ionnsachaidh a' sìor dhol am feabhas, le suidheachaidhean a' cleachdadh barrachd ghoireasan fosgailte agus fìor-bheatha gus taic a thoirt do fheòrachas agus ìrean conaltraidh chloinne.

Chan eil càileachd nan eadar-theachdan gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh chloinne agus a leudachadh làidir gu cunbhalach air feadh na roinne. Barrachd is barrachd, tha luchd-obrach a' cleachdadh stiùireadh nàiseanta gus taic a thoirt don chleachdadh aca. Ach, tha feum air tuilleadh ionnsachaidh proifeasanta gus tuigse nas doimhne fhaighinn air leasachadh chloinne agus eòlas-teagaisg nan tràth-bhliadhnaichean.

Ged a bhios clann a' leasachadh sgilean cudromach airson beatha is ionnsachadh anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, feumaidh suidheachaidhean ionnsachadh chloinne a chlàradh ann an dòigh nas èifeachdaiche. A thaobh cleachdadh dàta gu h-èifeachdach gus faighinn a-mach càite a bheil feum air barrachd taic no dùbhlain, chan eil seo air a leabachadh gu math. Tha obair ri dhèanamh fhathast ann an iomadh suidheachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil ìrean iomchaidh de dhoimhneachd agus dùbhlain ann do chlann.

Thar na roinne, tha com-pàirteachasan le pàrantan agus coimhearsnachdan adhartach agus tha iad sin a' cur gu mòr ri eòlasan chloinne.

Ceannardas atharrachaidh

Tha a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean a' nochdadh dealas làidir a thaobh lèirsinn, luachan agus amasan buntainneach is co-roinnte a leasachadh agus a chumail suas. Far a bheil cleachdadh as làidire ann, bidh an lèirsinn agus na luachan air an co-chruthachadh le teaghlaichean agus clann, air an ùrachadh gu cunbhalach agus air an cur an sàs tro eadar-theachdan, àiteachan ionnsachaidh agus eòlasan.

Ach, tha raointean airson leasachadh ann fhathast. Feumaidh àrd-stiùirichean agus luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil teaghlaichean agus clann an sàs

ann an dòigh nas làidire gus dèanamh cinnteach gu bheil lèirsinn agus luachan gan nochdadh gu cunbhalach, gan tuigsinn leis a h-uile duine agus gan cur an sàs ann an cleachdadh.

Ann am beag-chuid de shuidheachaidhean far a bheil ceannardas làidir agus cunbhalach, tha planadh ro-innleachdail agus atharrachadh gan gabhail os làimh aig deagh astar agus tha iad air an neartachadh le dearbhadh càileachd làidir. Ach, bhiodh ceannardas ro-innleachdail làidir na bhuannachd don mhòr-chuid de shuidheachaidhean gus dòighean-obrach a thaobh sgrùdaidh agus measaidh a neartachadh gus càileachd ELC a leasachadh tuilleadh. Far a bheil cleachdadh as èifeachdaiche ann, bidh stiùirichean agus luchd-obrach gu cunbhalach a' cur gu feum stiùireadh nàiseanta, leithid [A' Toirt gu Buil Miann-Adhartais: A Bhith Mise, 2020 \(RTA\)](#), frèamaichean fèin-mheasaidh agus dàta, gus fiosrachadh a thoirt do chleachdadh agus adhartas a bhrosnachadh.

Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, bidh luchd-obrach an sàs ann an ionnsachadh proifeasanta buntainneach a neartaicheas agus a tha a' toirt taic do chleachdadh. San fharsaingeachd, tha cothroman ionnsachaidh proifeasanta gan co-thaobhadh gu math ri prìomhachasan leasachaidh. Ann am barrachd air an dàrna leth de na suidheachaidhean, bhiodh e na bhuannachd do luchd-obrach tuigse nas doimhne fhaighinn air [Curraicealam airson Sàr-mhathais](#) agus RTA gus an curraicealam agus eòlas-teagaisg a neartachadh, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil leasachaidhean stèidhichte air fianais agus seasmhach. Tha cleachdadh a tha gu math èifeachdach air a chomharrachadh le ceannardas làidir oide-eòlach agus luchd-obrach le dreuchdan stiùiridh a tha purpasach agus aig a bheil taic bho dhealbhadh ghnìomhan làidir, a' leantainn gu leasachadh.

Ionnsachadh, teagasg agus measadh

Clann fo 3 bliadhna a dh'aois

Ann an suidheachaidhean le clann fo aois 3, bidh dàimhean altraim deimhinneach a' toirt taic do chlann gus a bhith a' faireachdainn sàbhailte agus tèarainte agus a' soirbheachadh ann an àiteachan ionnsachaidh ciùin. Bidh luchd-obrach a' brosnachadh neo-eisimeileachd agus misneachd chloinne gus raon de dh'eòlasan a rannsachadh agus a sgrùdadh a bhios gu tric a' toirt taic do leasachadh mothachaidh agus feòrachais. Ach, feumaidh grunn shuidheachaidhean barrachd fòcas a chur air goireasan a tha iomchaidh a thaobh leasachadh a thoirt do chlann nas òige.

Barrachd is barrachd, tha suidheachaidhean a' dealbhadh gu freagairteach agus gu mothachail gus eòlasan brìghmhor a thoirt do chlann. Ann an grunn shuidheachaidhean, bidh luchd-obrach a' cumail sùil air adhartas chloinne le bhith a' cleachdadh chlachan-mìle leasachaidh. Anns na h-eisimpleirean as fheàrr, tha seo a' toirt taic èifeachdach do phlanadh airson leasachadh chloinne agus eadar-theachdan.

Clann aois 3 agus nas sine

Is e neart thar cha mhòr a h-uile suidheachadh an fheallsanachd dheimhinneach, air a neartachadh le dàimhean altram làidir. Bidh iad sin a' comasachadh àrainneachdan blàtha, sàbhailte agus in-ghabhalach a bhrosnaicheas sunnd agus com-pàirteachadh.

Ged a tha mòran shuidheachaidhean a' nochdadh dealas do chòraichean chloinne, tha a' mhòr-chuid aig ìre thràth ann a bhith a' dèanamh chòraichean soilleir agus gan cur an gnìomh. Ann am mòr-chuid shònraichte de shuidheachaidhean, tha luchd-obrach a' sealltainn deagh thuigse air feumalachdan, ùidhean agus ìrean leasachaidh chloinne fa leth. Anns na suidheachaidhean seo, bidh an luchd-obrach a' cleachdadh an eòlais seo gu math gus eòlasan ionnsachaidh agus àiteachan tarraingeach a thoirt seachad a tha a' nochdadh ùidhean chloinne agus a' neartachadh ìrean conaltraidh. Anns na h-eisimpleirean as fheàrr, bidh clann a' toirt buaidh air na h-àiteachan ionnsachaidh aca gus an cluich a leudachadh agus tha luchd-obrach a' toirt taic mhath dhaibh gus an ionnsachadh a chumadh.

Tha ionnsachadh cunbhalach air a' bhlàr a-muigh air a thabhann anns cha mhòr a h-uile suidheachadh. Tha a' mhòr-chuid de dh'àiteachan agus ghoireasan a-muigh a' toirt taic mhath do fheòrachas, seasmhachd agus comas fuasgladh-cheistean chloinne.

Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, bidh luchd-obrach a' cleachdadh ceasnachadh fosgailte gus taic a thoirt do ionnsachadh chloinne agus a leudachadh gu h-èifeachdach. Ach, chan eil càileachd nan eadar-theachdan eadar luchd-obrach agus clann an-còmhnaidh làidir. Feumaidh suidheachaidhean a bhith comasach air sealltainn gu bheil tuigse nas soilleire aig luchd-obrach air leasachadh chloinne agus eòlas-teagaisg nan tràth-bhliadhnaichean. Tha a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean a' toirt taic do ionnsachadh is teagasg tro bhith a' cleachdadh teicneòlasan didseatach gu h-èifeachdach. Ach, 's e seo raon

far a bheil feum aig mòran shuidheachaidhean air raon nas fharsainghe de ghoireasan didseatach.

Bidh a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean a' glacadh eòlasan ionnsachaidh chloinne gu math tro raon de dhòighean-obrach, a' gabhail a-steach leabhraichean-latha ionnsachaidh, leabhraichean-làir agus taisbeanaidhean gus an ionnsachadh a dhèanamh follaiseach. Tha beagan nas lugha na an dàrna leth de shuidheachaidhean fhathast feumach air càileachd, cunbhalachd agus fòcas nam beachdan-sùla aca air adhartas sgilean a leasachadh.

Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, tha measgachadh èifeachdach de phlanadh freagairteach agus rùnach ann gus taic a thoirt do ionnsachadh chloinne thar a' churraicealaim. Ach, feumaidh a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean fhathast an tracadh, an sgrùdadh agus am measadh air adhartas chloinne a neartachadh.

Thar àireamh mhòr de shuidheachaidhean, chan eil cleachdaidhean modarataireachd le àrd-stiùirichean agus luchd-obrach air an leasachadh gu leòr. Bhiodh barrachd fòcas air modarataireachd a' toirt chothroman do luchd-obrach beachdachadh air agus tuigse nas soilleire a leasachadh air adhartas chloinne.

Slighean ionnsachaidh is leasachaidh

Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, tha an curraicealam stèidhichte gu daingeann air cluich. Anns na suidheachaidhean as èifeachdaiche, bidh an luchd-obrach a' cur an gnìomh dòighean-obrach sùbailte is adhartach a bheir leud thar raointean curraicealaim tro eòlasan a-staigh agus a-muigh. Bidh na suidheachaidhean seo a' cleachdadh frèamaichean adhartais gu math gus taic a thoirt do litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd.

Ann am beag-chuid de shuidheachaidhean, chan eil tuigse dhomhain gu leòr aig an luchd-obrach fhathast air prionnsapalan dealbhaidh a' churraicealaim no adhartas ann an ionnsachadh. Tha seo a' cuingealachadh an comas doimhneachd, dùbhlán agus leantainneachd chunbhalach a thoirt seachad thar na tràth-ìre.

Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, bidh clann a' faighinn eòlas air eadar-ghluasadan adhartach is sùbailte nuair a thòisicheas iad san sgoil-àraich. Tha rèiteachaidhean pearsanaichte is deagh-phlanaichte aig a' mhòr-chuid de na suidheachaidhean a chuidicheas clann gus gluasad le misneachd bhon sgoil-

àraich dhan bhun-sgoil. Ann am beag-chuid de shuidheachaidhean, tha fianais ann gu bheil planadh agus tuigse cho-roinnte air eòlas-teagaisg cluiche ga phrìomhachadh barrachd is barrachd gus dèanamh cinnteach à leantainneachd agus adhartas ann an ionnsachadh.

Com-pàirteachadh phàrantan

Bidh a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean a' toirt chothroman do chlann is do phàrantan cluich is ionnsachadh còmhla ann an suidheachaidhean, aig an taigh agus sa choimhearsnachd. Bidh na suidheachaidhean seo a' dèanamh conaltradh gu h-èifeachdach le pàrantan mu ionnsachadh an cuid chloinne. Tha seo a' gabhail a-steach cleachdadh àrd-ùrlaran air-loidhne gus pàrantan a chumail fiosraichte mu eòlasan ionnsachaidh chloinne. Mean air mhean, bha na suidheachaidhean air fàilte air ais a chur air pàrantan gu seòmraichean-cluiche na sgoil-àraich bho thàinig galar mhòr-sgaoilte Covid. Ach, feumaidh iad fhathast cothroman a mheudachadh do phàrantan a bhith an làthair ann an seòmraichean-cluiche agus a bhith an sàs ann an dòigh nas iomlaine ann am beatha an t-suidheachaidh.

A' dèanamh cinnteach à sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail

Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, tha dàimhean adhartach, urramach agus taiceil. Bidh luchd-obrach a' toirt prìomhachas do shunnd chloinne agus a' toirt eisimpleirean de chànan agus eadar-theachdan a bhrosnaicheas cùram agus spèis. Mar thoradh air an sin, bidh clann ag eadar-obrachadh gu deimhinneach agus a' nochdadh meas air càch a chèile.

Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, bidh luchd-obrach a' nochdadh dhòighean-obrach èifeachdach airson sunnd faireachail adhartachadh. Far a bheil cleachdadh as èifeachdaiche ann, bidh luchd-obrach gu cunbhalach a' modaladh dhòighean-obrach ath-nuadhachail, a' comasachadh chlann am mothachadh a leasachadh gus faireachdainnean a riaghladh agus còmhstrithean beaga fhuasgladh gu socair.

Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, bidh ionnsachadh proifeasanta leantainneach a' neartachadh comas luchd-obrach coinneachadh ri riatanasan reachdail. Ann an grunn shuidheachaidhean, chan eil dleastanasan reachdail gan coileanadh gu h-iomlan, gu h-àraidh a thaobh rianachd cungaidh-leigheis agus ùrachadh phlanaichean cùraim pearsanta ann an deagh àm.

Tha tuigse shoilleir aig àrd-stiùirichean agus luchd-obrach anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean air cùisean fa leth chloinne, air cùl-raointean agus air cnapan-starra sam bith a thaobh ionnsachadh agus in-ghabhail. Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, bidh an luchd-obrach ag obair gu math le teaghlachan agus buidhnean com-pàirteach gus faighinn thairis air cnapan-starra a thaobh ionnsachadh chloinne. Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, bidh luchd-obrach a' leasachadh agus a' cur phlanaichean fa leth an gnìomh gu h-èifeachdach, a' dèanamh cinnteach gu bheil an taic air a dealbhadh a rèir feumalachdan atharrachail chloinne. Ach, tha raointean cudromach ann fhathast airson leasachadh. Ged a tha planaichean ann airson chlann aig a bheil feum air taic a bharrachd, ann am mòran shuidheachaidhean chan eil iad sin an-còmhnaidh mionaideach gu leòr no air an ath-sgrùdadh gu cunbhalach. A bharrachd air sin, feumaidh cuid de shuidheachaidhean dòighean-obrach nas eagarach a leasachadh airson sùil a chumail air buaidh eadar-theachdan ann a bhith a' lùghdachadh chnapan-starra do dh'ionnsachadh.

Tha iomadachd ga comharrachadh gu follaiseach ann am beagan nas lugha na an dàrna leth de dh'ionadan, le clann ag ionnsachadh mu cho-ionannachd, iomadachd agus saoranachd chruinneil. Bidh luchd-obrach sna suidheachaidhean sin a' toirt a-steach goireasan buntainneach agus eòlasan comharrachaidh, gus an saoghal anns a bheil clann a' fuireach a riochdachadh. Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, feumar eòlasan in-ghabhalach a tha a' comharrachadh iomadachd agus a' doimhneachadh tuigse chloinne air a' chomann-shòisealta a bhith air an cur a-steach nas soilleire.

A' dèanamh cinnteach à adhartas chloinne

Clann fo 3 bliadhna a dh'aois

Bidh clann a' dèanamh adhartas cunbhalach nan leasachadh faireachail, sòisealta agus corporra. Bidh iad a' faighinn buannachd bhon raon de dh'eòlasan a tha gan cuideachadh gus an saoghal a rannsachadh le bhith a' cleachdadh an ciad-fàthan. Gus taic a thoirt do adhartas leantainneach chloinne, feumaidh grunn shuidheachaidhean dèanamh cinnteach gu bheil na h-eòlasan a bheir iad seachad iomchaidh airson diofar ìrean leasachaidh chloinne.

Clann aois 3 agus nas sine

Thar a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, bidh luchd-obrach ag aithneachadh, a' glacadh agus a' comharrachadh euchdan fa leth chloinne. Anns a' mhòr-chuid

de shuidheachaidhean, tha clann a' dèanamh adhartas math no nas fheàrr nan ionnsachadh agus leasachadh a rèir an ìre leasachaidh. Anns na suidheachaidhean sin, tha clann a' fàs nas misneachaile, nas seasmhaiche agus nas neo-eisimeilich mar luchd-ionnsachaidh. Ach, ann am mòran shuidheachaidhean, chan eil dòighean-obrach airson ionnsachadh is leasachadh chloinne a leantainn a' toirt seachad dealbh soilleir de adhartas chloinne thar ùine. Tha feum ann air barrachd tracadh, modarataireachd agus mion-sgrùdadh dàta rianail gus gluasadan a chomharrachadh, gus dèiligeadh ri beàrnannan ann am builean leasachaidh chloinne agus gus eadar-theachdan cuimsichte a dhealbhadh. Bu chòir cleachdadh dàta air fad a neartachadh gus dealbh nas soilleire a thogail de thuras ionnsachaidh gach pàiste.

Thar na roinne, tha gealltanas làidir ann a thaobh co-ionannachd agus in-ghabhail dha na h-uile. Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, bidh luchd-obrach a' nochdadh tuigse làidir air co-theacsa sòisio-eaconamach an coimhearsnachdan agus a' cleachdadh an eòlais seo gus àrainneachdan in-ghabhalach agus altramadh a chruthachadh, far a bheil clann is teaghlaichean a' faireachdainn gu bheil a' cur luach agus spèis orra.

Bidh luchd-obrach anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean a' brosnachadh co-ionannachd tro thaic phractaigeach leithid leabharlannan iasaid, aodach cleachdte agus cothrom air iomairtean bìdh, a' dèanamh cinnteach nach caill pàiste sam bith eòlasan air sgàth cruadal ionmhais.

Bidh com-pàirteachasan làidir le buidhnean taobh a-muigh a' neartachadh thoraidhean chloinne aig a bheil feum air taic a bharrachd. Ach, feumar planadh agus siostaman airson adhartas a leantainn agus a sgrùdadh thar ùine a neartachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theachdan ann an deagh àm, gu bheil iad targaichte agus gu bheil buaidh air a measadh.

Sgrùdaidhean a bharrachd

Chaidh gach aon de na 9 suidheachaidhean a dh'fheumadh sgrùdadh a bharrachd a mheas mar lag no neo-iomchaidh thar frèam an sgrùdaidh: QI 1.3: Ceannardas atharrachaidh, QI 2.3: Ionnsachadh, teagasg agus measadh, QI 3.1: A' dèanamh cinnteach à sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail no QI 3.2: A' dèanamh cinnteach à adhartas chloinne

Thar nan 9 suidheachaidhean uile, feumaidh àrd-stiùirichean agus luchd-obrach gnìomh a ghabhail gu sgiobalta gus càileachd ELC a leasachadh. Feumaidh àrd-stiùirichean agus luchd-obrach dòighean-obrach a leasachadh a thaobh

dealbhadh, measadh agus sùil a chumail air adhartas chloinne agus eòlasan brosnachail is inntinneach a thoirt seachad a leigeas le clann an t-adhartas as fheàrr a dhèanamh. Tha seo ag iarraidh fòcas làidir air fèin-luachadh gus atharrachadh agus leasachadh seasmhach a thoirt gu buil gus builean leasachaidh adhartach a dhèanamh tèarainte do gach pàiste.

Luachaidhean airson 2024/25

Slat-tomhais deagh ghnè	Neo-riarachail	Lag	Riarachail	Math	Glè mhath	Sàr-mhath
1.3 – Ceannardas atharrachaidh	2%	9%	28%	42%	19%	0%
2.3 – Ionnsachadh, teagasg agus measadh *	1%	4%	23%	56%	17%	0%
3.1 – Sunnd, in-ghabhail agus co-ionannachd *	2%	5%	25%	39%	30%	0%
3.2 – A' dèanamh cinnteach à adhartas chloinne *	1%	3%	21%	59%	17%	0%

*Chaidh na figearan seo a chruinneachadh suas, agus mar thoradh air sin tha iad 101% san iomlan.

Còig puingean riatanach

Bidh dàimhean deimhinneach, altamach a' toirt taic do shunnd chloinne

Thar cha mhòr a h-uile suidheachadh, bidh clann a' faighinn buannachd bho àrainneachdan blàtha, sàbhailte agus in-ghabhalach far a bheil luchd-obrach a' toirt prìomhachas do chùram, sunnd agus dàimhean le urram.

Tha gealltanais làidir ann a thaobh leasachadh agus obair ann an com-pàirteachasan

Tha luchd-obrach agus stiùirichean an geall air builean a leasachadh airson chlann agus teaghlaichean tro ionnsachadh proifeasanta, cleachdadh meòrachail agus conaltradh le pàrantan, coimhearsnachdan agus com-pàirtichean.

Feumaidh ceannardas, fèin-luachadh agus dearbhadh càileachd a bhith nas eagarache

Tha feum air ceannardas ro-innleachdail is oide-eòlach nas làidire, le taic bho sgrùdadh is measadh làidir, gus leasachadh seasmhach a bhrosnachadh.

Feumar tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air doimhneachd, adhartas agus dùbhlann a' churraicealaim

Bidh clann a' faighinn buannachd bho ionnsachadh stèidhichte air cluich a bheir seachad eòlasan brìghmhor ach chan eil dealbhadh is adhartas a' churraicealaim làidir gu leòr fhathast. Feumaidh planadh airson chlann aig a bheil feum air taic a bharrachd a bhith air a leabachadh ann an dòigh nas daingne cuideachd.

Feumar leasachadh a dhèanamh air measadh, tracadh, modarataireachd agus cleachdadh dàta

Tha clann a' sìor fhàs misneachail, seasmhach agus neo-eisimeileach mar luchd-ionnsachaidh, ach tha feum ann air dòighean-obrach nas eagarache gus taic agus dùbhlann iomchaidh a dhealbhadh. Tha feum ann air leasachadh ann an dòighean-obrach airson ionnsachadh a chlàradh, adhartas a leantainn, fianais a mheasadh, agus dàta a chleachdadh.

Airson ar teirmichean meud, faic an duilleag seo air an làrach-lìn againn:
[Teirmichean sgrùdaidh meud | Stiùireadh sgrùdaidh | Luchd-sgrùdaidh an Rìgh
airson Foghlaim ann an Alba.](#)

DRAFT